

BM29: Anns a' Bhaile Mhòr

In the City

Presenter: Derek Mackay (Derek MacAoidh)



ÌRE: **Bunaiteach-meadhanach**
CUSPAIR: **Anns a' Bhaile Mhòr**
PUINGEAN CÀNAIN: **Gnìomhairean agus Deas is Clì**

DEREK:

Tha mise air a dhol air chall anns a h-uile baile mòr ann an Alba agus gu leòr de na bailtean beaga. Chaill mi mo shlighe anns a h-uile baile dhan deach mi taobh a-muigh Alba cuideachd. Chan urrainn dhomh a leasachadh.

Às dèidh greis mhath a' coiseachd thall agus a-bhos, bidh mi ag iarraidh air cuideigin treòrachadh a thoirt dhomh. Bidh mi a' taghadh cuideigin a tha ann an cabhag - buinidh iad dhan àite mar as trice. Faighnichidh mi, "Ciamar a tha mi a' faighinn air ais chun na ceàrnaig ann am meadhan a' bhaile?" Bidh iad ag ràdh rudeigin mar seo: "Cùm ort sìos an t-sràid seo agus nuair a ruigeas tu an taigh-òsta, tionndaidh gu do làimh dheis. Às dèidh ceud meatair, gabh an rathad air do làimh chlì. Cùm ort chun na treas sràide air do làimh chlì às dèidh an dàrna cearcall-rathaid, agus theirig gu deas, gu clì, deas, clì, cùm ort, gu deas, gu clì, deas, deas, clì, clì, deas, clì ..." agus mar sin air adhart. Às dèidh dhomh tionndadh aig an taigh-òsta, bidh mo cheann na bhrochan agus bidh agam ri dragh a chur air cuideigin eile, agus mar sin air adhart.

A' dràibheadh, bidh mi a' dol air chall cuideachd, agus tha sin nas miosa. Mura h-urrainn dhut stad, bidh thu a' dol buileach air chall - agus mura h-eil fhios agad dè tha tachairt tha thu ann an Dùn Dèagh!

LEVEL: **Beginner-intermediate**
TOPIC: **In the City**
LANGUAGE POINTS: **Verbs and Directions (right, and left)**

DEREK:

I have managed to get lost in every large city in Scotland and in plenty of the small towns. I've lost my way in every town I've visited outside of Scotland too. I can't help it.

After a good while spent walking back and forth, I ask somebody if they can give me directions. I pick someone who is in a hurry - they usually come from the place. I ask, "How do I get back to the square in the centre of town?" They say something like this: "Carry on down this street "and when you reach the hotel, turn to your right. After one hundred metres, take the road on your left. Keep going until you reach the third street on your left after the second roundabout, and then go right, go left, right, left, straight on, to the right, to the left, right, right, left, left, right, left ..." and so on and so forth. After I take the turn past the hotel, my head is in a whirl and I'll have to bother somebody else, and so on and so forth.

When I'm driving, I also get it wrong, and that is even worse. If you can't stop, you get completely lost - and if you don't know what's happening you end up in Dundee.

BM29: Anns a' Bhaile Mhòr

In the City

Presenter: Derek Mackay (Derek MacAoidh)



DEREK:

Ach, bho fhuair mi inneal-iùil anns a' chàr, cha bhi mi a' dol a Dhùn Dèagh mura h-eil mi ag iarraidh a dhol a Dhùn Dèagh. "Gabh an rathad air do làimh dheis, agus cùm air an làimh dheis," bidh e ag ràdh. "Cùm air an làimh dheis. Cùm air an làimh dheis." Bidh mise a' cumail air mo làimh dheis. Agus, ma thèid mi ceàrr, chan eil an t-inneal fada gam chur ceart. "Tionndaidh agus theirig air ais an taobh a thàinig thu. Tionndaidh agus theirig air ais an taobh a thàinig thu," bidh e ag ràdh - gus an tionndaidh mi. Mu dheireadh, canaidh e, "Tha thu air do cheann-uidhe a ruighinn." Ach uaireannan, dìreach uaireannan, bidh fios agad nach e do cheann-uidhe a th' ann - agus bidh thu air ais a' coimhead airson cuideigin a tha ann an cabhag.

Mura h-eil cabhag ort fhèin, bheir sinn sùil air cuid de na facail a chleachd mi.

air chall

Tha mise air a dhol air chall anns a h-uile baile mòr ann an Alba agus gu leòr de na bailtean beaga.

tionndaidh

Cùm ort sìos an t-sràid seo agus nuair a ruigeas tu an taigh-òsta, tionndaidh gu do làimh dheis.

cùm ort

Cùm ort chun na treas sràide air do làimh chli.

inneal-iùil

... bho fhuair mi inneal-iùil anns a' chàr, cha bhi mi a' dol a Dhùn Dèagh mura h-eil mi ag iarraidh a dhol a Dhùn Dèagh.

DEREK:

But, since I got a sat nav in the car, I won't be going to Dundee unless I want to go to Dundee. "Take the road on your right and keep right," it says. "Keep to the right. Keep to the right." I keep to my right. And, if I do go wrong, the unit doesn't take long to correct me. "Turn around and go back the way you came. Turn around and go back the way you came," it says - until I turn around. Finally, it says, "You have arrived at your destination." But sometimes, just sometimes, you know that it isn't your destination - and you're back to looking for someone who is in a hurry.

If you aren't in a hurry, we'll take a look at some of the words I used.

Lost

I have managed to get lost in every large city in Scotland and in plenty of the small towns.

turn

Carry on down this street and when you reach the hotel, turn to your right.

keep going

Keep going until you reach the third street on your left.

sat nav

... but since I got a sat nav in the car, I won't be going to Dundee unless I want to go to Dundee.

BM29: Anns a' Bhaile Mhòr

In the City

Presenter: Derek Mackay (Derek MacAoidh)



DEREK:

gabh an rathad

Gabh an rathad air do làimh dheis, agus cùm air an làimh dheis.

theirig

Tionndaidh agus theirig air ais an taobh a thàinig thu.

Sin e. Mar sin leat an-dràsta.

DEREK:

take the road

Take the road on your right and keep right.

go

Turn around and go back the way you came.

That's all. Goodbye for now.